

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



SCROLL DOWN FOR ENGLISH VERSION

Airson a sgaoileadh sa bhad, Là na Sàbaid 27/05/2012

Muinntir Shiaboist a' foillseachadh a' chiad Phlana Coimhearsnachd Gàidhlig aca

Chaidh a' chiad phlana coimhearsnachd aig Siabost, air taobh siar Leòdhais, fhoillseachadh gus cuideachadh le leasachadh agus adhartachadh na Gàidhlig anns an sgìre, aig cuirm-chiùil shònraichte oidhche Shathairne sa sgìre.

Chaidh Plana Gàidhlig Shiaboist a chur ri chèile le riochdairean bhon choimhearsnachd a thàinig còmhla gus 'Fòram Gàidhlig Shiaboist' a chruthachadh, mar thoradh air taic bho Bhòrd na Gàidhlig, Comunn na Gàidhlig, Stòrlann, buidhnean Gàidhlig eile agus Comhairle nan Eilean Siar.

Chaidh am Fòram a chruthachadh a' leantainn air Latha Fosgailte Gàidhlig a chumadh ann an Siabost far an robh toraidhean pròiseact rannsachaidh a chaidh a bharantachadh le Bòrd na Gàidhlig, a thaobh Comas, Cleachdadh is Seasamh Cànain ann an Siabost, air am foillseachadh. On a chaidh a chruthachadh, tha am Fòram air a bhith ag obair gu dìan gus na raointean prìomhachasail a chomharrachadh far am bi a' Ghàidhlig air a h-adhartachadh, a' tighinn chun a' cho-dhùnaidh gur e plana cànain coimhearsnachd an dòigh as buannachdail air a dhol air adhart.

Chaidh am Plana fhoillseachadh gu h-oifigeil leis an Dr Alasdair Allan, am Ministear airson Ionnsachadh is Sgilean le uallach airson Gàidhlig is Albais ann an Riaghaltas na h-Alba, aig cuirm-chiùil shònraichte ann an Siabost Disathairne seo a' tighinn. A' cur fàilte air a' Phlana, thuirt an Dr Allan: "Tha sgìre Shiaboist aig cridhe na Gàidhlig ach 's e an teachdaireachd fhìor-shoilleir a tha a' tighinn a-mach às an aithisg seo do Shiabost agus do choimhearsnachdan eile, nach eil taic don Ghàidhlig gu leòr airson tèarainteachd don chànan san àm ri teachd – feumaidh a' Ghàidhlig a bhith air a cleachdadh mòran nas fharsainghe agus le mòran a bharrachd misneachd anns a' choimhearsnachd mus bi cinnt sam bith ann gun soirbhich leatha. Seo a' chiad phlana de a sheòrsa gu bhith air fhoillseachadh agus tha mi glè thoilichte fhaicinn gu bheil a' Choimhearsnachd a' gabhail ceum cho deimhinneach ri seo a dh'ionnsaigh an cudromachd fhèin a dhearbhadh ann an cur ri seasmachd don Ghàidhlig ann an Alba san àm ri teachd."

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



Tha Plana ùr Gàidhlig Shiaboist a’ comharrachadh 8 raointean airson leasachadh ro-innleachdail agus a’ stèidheachadh gnìomhan agus bhuidhnean air am bi dleastanas an liubhairt. Faodar lethbhreac den Phlana a leughadh air làrach-lìn ùr an Fhòraim aig www.siabost.co.uk. Tha làrach na coimhearsnachd cuideachd a’ solarachadh fiosrachaidh mu naidheachdan ionadail, tachartasan is ceanglaichean.

Thuirt Ealasaid Nic an t-Saoir, an Cathraiche Eadar-amail aig Bòrd na Gàidhlig: “Is e ceum glè chudromach a tha seo ann an leasachadh na Gàidhlig agus tha mi fìor thoilichte gu bheil e a’ tighinn a-mach à coimhearsnachd aig a bheil rùn làidir air an cànan a ghleidheadh mu choinneamh an ama a tha romhainn. Tha coimhearsnachdan far a bheil a’ Ghàidhlig air a cleachdadh deatamach don Ghàidhlig ann an Alba anns an àm a tha ri teachd agus ’s e luchd-labhairt na Gàidhlig an stòras as prìseile a th’ ann airson an cànan a chumail beò. Thathar a’ togail air an seo anns an dàrna Plana Nàiseanta Gàidhlig ach chanadh sinn ri coimhearsnachdan eile cuideachd eisimpleir Shiaboist a leantainn ann an ullachadh am planaichean fhèin.”

Thuirt Donna NicIllinnein, Cathraiche an Fhòraim Ghàidhlig: “Chaidh Fòram Gàidhlig Shiaboist a chruthachadh gus a bhith ag obair còmhla ri buidhnean leasachaidh eile airson feuchainn ri gnìomhachdan a spreagadh sa choimhearsnachd, far am biodh a’ Ghàidhlig mar chànan obrach. Tha sinn air am plana gnìomhachdan seo a chur ri chèile, agus tha sinn a-nis an dòchas gun gabh iadsan sa choimhearsnachd com-pàirt agus tlachd anns na diofar thachartasan agus aig an aon àm a’ cuideachadh leis a’ chànan a neartachadh an taobh a-staigh na coimhearsnachd. Tha tachartasan ann do gach neach, eadar sean is òg, fileantaich is luchd-ionnsachaidh. Tha sinn airson gach ball den choimhearsnachd fhaicinn a’ gabhail pàirt. Tha sinn a’ coimhead airson tuilleadh dhaoine bhon choimhearsnachd a tha deònach a thighinn dhan Fhòram againn gus barrachd leasachaidh air a’ Ghàidhlig adhartachadh san sgìre.”

DEIREADH

Airson tuilleadh fiosrachaidh mu shusbaint na brath-naidheachd seo, cuiribh fios gu Steven MacIomhair, Oifigear Conaltraidh is Corporra, Bòrd na Gàidhlig air post-d gu steven@gaidhlig.org.uk no fòn-làimhe gu 07557 481 081.

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



NOTAICHEAN DO LUCHD-DEASACHAIDH

Chaidh an aithisg, ***The State of Gaelic in Shawbost (Staid na Gàidhlig ann an Siabost)*** a bharantachadh le Bòrd na Gàidhlig ann an 2011 agus a choileanadh le sgioba stèidhichte ann an Sabhal Mòr Ostaig, fo stiùir Gillian Rothach. Faodar lethbhreac den aithisg seo fhaicinn air làrach-lìn Bhòrd na Gàidhlig aig www.gaidhlig.org.uk.

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



For Immediate use, Sunday 27/05/2012

Launch of Shawbost's first community Gaelic Language Plan

Shawbost, on the west side of Lewis, published its first Gaelic Language Plan, to aid the development and promotion of Gaelic in the area at a special concert in the area on Saturday night.

The Shawbost Gaelic Plan was drawn up by community representatives who came together to form the 'Shawbost Gaelic Forum', along with support from Bòrd na Gàidhlig, Comunn na Gàidhlig, Stòrlann, other Gaelic agencies and Comhairle nan Eilean Siar.

The Forum was formed following a Gaelic Open Day held in Shawbost where the findings of a research project, commissioned by Bòrd na Gàidhlig, on Language Attitude, Use and Ability in Gaelic in Shawbost were published. Since its formation, the Forum has worked hard to identify the main priority areas where Gaelic will be promoted, concluding that a community language plan was the most appropriate step forward.

The Plan was officially launched by Scottish Government Minister for Learning and Skills with responsibility for Gaelic and Scots, Dr Alasdair Allan, at a special concert in Shawbost this Saturday. Welcoming the Plan, Dr Allan said: "Shawbost is in the Gaelic heartlands but the very clear message from this report for Shawbost and communities like it is that support for Gaelic is not enough to guarantee its future - Gaelic also has to be more widely and less self consciously spoken in the community for there to be any assurance of its survival. This is the first plan of its type to be published and I am very pleased to see the Community taking such a positive step in recognising their importance in contributing to a sustainable future for Gaelic in Scotland"

The new Gaelic Plan for Shawbost identifies 8 areas of strategic development and sets out actions and organisations who will be responsible for delivering them. A copy of the Plan can be viewed on the Forum's new website at: www.siabost.co.uk. The community site also provides information on local news, events and contacts.

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



Bòrd na Gàidhlig Interim-Cathraiche (Chair) Elizabeth McAtear said: “This is a very important step in the development of Gaelic and I am delighted that it stems from a community driven desire to retain the language for the future. Communities where Gaelic is used are vital to the future of Gaelic in Scotland and speakers of Gaelic are the most valuable resource available to the language’s vitality. This is highlighted in the second National Gaelic Language Plan but we would also encourage other communities to follow Shawbost’s example in preparing their own plans.”

Shawbost Gaelic Forum Chair, Donna MacLennan said: “The Shawbost Gaelic Forum was created to work with other development agencies to try and stimulate activities in the community where Gaelic would be the working language. We have drawn up this plan of activities and we now hope that those in the community will participate in the various activities and have fun whilst at the same time helping to strengthen the language within the community. There are activities for everybody, both young and old, fluent speakers or learners. We want to see all members of the community taking part. We are also looking for more people from the community who are willing to join our Forum to develop further Gaelic development work in the area.”

ENDS

For further information on the contents of this news release please contact Steven MacIver, Corporate and Communications Officer, Bòrd na Gàidhlig by e-mailing steven@gaidhlig.org.uk or phoning mobile: 07557 481 081.

NOTES TO EDITORS

*The report, **The State of Gaelic in Shawbost** was commissioned by Bòrd na Gàidhlig in 2011 and was carried out by a team based at Sabhal Mòr Ostaig, led by Gillian Munro. A copy of this report can be viewed on Bòrd na Gàidhlig’s website at www.gaidhlig.org.uk.*